

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Please scroll down for English Version

01/08/2016

Co-chomhairleachadh air an Stiùireadh Reachdail airson Foghlam Gàidhlig

Thòisich Bòrd na Gàidhlig co-chomhairleachadh foirmeil an-diugh (1 Lùnastal) air an Stiùireadh Reachdail airson Foghlam Gàidhlig. Thèid an co-chomhairleachadh a chumail eadar 1 Lùnastal is 1 Samhain agus thathar a’ brosnachadh dhaoine fa leth agus buidhnean bho air feadh na dùthcha freagairtean a chur a-steach. Faodar pàirt a ghabhail sa cho-chomhairleachadh le bhith tadhal air làrach-lìn Bhòrd na Gàidhlig agus gabhar ri freagairtean tron phost no air-loidhne.

Tha an Stiùireadh Reachdail na phàirt cudromach de dh’Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016 ris an deach aontachadh na bu thràithe am-bhliadhna. Aon uair ’s gun tèid sgrùdadh a dhèanamh air beachdan an luchd-fhreagairt, cuiridh Bòrd na Gàidhlig crìoch air an Stiùireadh agus bheir iad comhairle do Mhinistearan na h-Alba air mar a thèid a chur an gnìomh.

Thuir Shona NicIllInnein, Ceannard Bhòrd na Gàidhlig: “Tha seo a’ fàgail dleastanas ùr agus cudromach air Bòrd na Gàidhlig agus tha sinn air a bhith ag ullachadh air a shon airson deagh ghreis. Tha sinn an dòchas gum faighear beachdan air an dreachd seo den Stiùireadh bho thaghadh farsaing de dhaoine is buidhnean, oir bidh an Stiùireadh cuideachd a’ cur gu mòr ris na h-earrainnean den Phlana Cànanain Nàiseanta Ghàidhlig airson 2017-22 a bhuineas ri foghlam. Tha sinn a’ brosnachadh a h-uile duine le ùidh ann am foghlam Gàidhlig, agus gu dearbh sa Ghàidhlig fhèin, beachd a chur a-steach ris a’ cho-chomhairleachadh seo.”

Thuir Iain Swinney, an Leas Phrìomh Mhinistear agus Rùnaire a’ Chaibineit airson Foghlam is Sgìlean: “Tha foghlam Gàidhlig deatamach don amas aig Riaghaltas na h-Alba agus an àireamh dhaoine a tha cleachdadh na Gàidhlig a chur an àirde, agus tha e riatanach gum bi stiùireadh soilleir ann do dhaoine a tha an sàs ann am foghlam Gàidhlig gus dèanamh cinnteach gum bi fios aig luchd-solair, luchd-ionnsachaidh, luchd-cùraim agus luchd-foghlaim air dè bu chòir dhaibh a bhith sùileachadh san raon sin.”

“Tha an t-iarrrtas airson foghlam Gàidhlig a’ dol am meud air feadh Alba, agus gus frithealadh air sin, tha sinn air trì cumhachan Gàidhlig a thoirt a-steach ann an Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016 agus ’s e an Stiùireadh Reachdail seo a’ chiad fhear dhiubh sin a thèid a chur an gnìomh.”

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Thuir Brus Robasdan, Cathraiche na Buidhne-obrach a dhealbh an dreachd den Stiùireadh Reachdail: “Tha a’ Bhuidheann a tha air a bhith ag obair air an Stiùireadh Reachdail seo air ealla a ghabhail mu thràth ri cumhachan laghail Achd 2016 agus ris na beachdan a fhuaras bho dhaoine a bha an làthair aig tachartasan air feadh na dùthcha. Tha riochdairean air a’ Bhuidhinn bho Ùghdarrasan Ionadail, COSLA, Foghlam Alba, Riaghaltas na h-Alba agus Bòrd na Gàidhlig. Tha sinn ann an suidheachadh far am faod sinn beachdan foirmeil iarraidh bho dhaoine air an sgrìobhainn, sgrìobhainn a bhios na cloich-mhìle fìor chudromach do dh’fhoghlam Gàidhlig nuair a thèid a cur an sàs. Tha e a’ dèanamh soilleir dè bu chòir do phàrantan is luchd-cùraim a bhith sùileachadh agus tha e a’ cur dleasan nan Ùghdarrasan Ionadail an cèill gu foirmeil. Tha e cuideachd a’ sealltainn gu soilleir dè bu chòir dhuinn a bhith sùileachadh a thaobh grunn raointean de dh’fhoghlam na Gàidhlig, bho ìre nan Tràth-bhliadhnaichean gu ìre na h-Àrd-sgoile.”

DEIREADH

Airson tuilleadh fiosrachaidh mun bhrath-naidheachd seo cuiribh fios gu Steven MacIomhair, Ceann Roinn a’ Chonaltraidh, Margaideachd & TF aig Bòrd na Gàidhlig, air post-d steven@gaidhlig.scot no air a’ fòn 07595763071.

NOTAICHEAN DO LUCHD-DEASACHAIDH

- *Fo Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016, tha e mar uallach air Bòrd na Gàidhlig Stiùireadh Reachdail ullachadh airson Foghlam Gàidhlig a thaobh nan cumhachan Gàidhlig san Achd.*
- *Tha Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016 a’ toirt làn-chòir, air feadh Alba, do dhaoine air Foghlam Bun-sgoile tron Ghàidhlig agus nì sin cinnteach gun dèilig Comhairlean ri iarrtasan bho phàrantan airson Foghlam Gàidhlig ann an dòigh cheart agus chunbhalach agus iad ag obair taobh a-staigh frèam nàiseanta.*

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



01/08/2016

Consultation on the Statutory Guidance on Gaelic Education

Bòrd na Gàidhlig today (1 August) launched a formal consultation on the Statutory Guidance on Gaelic Education. The consultation will run from 1 August until 1 November with individuals and organisations nationally being encouraged to respond. The consultation can be accessed by visiting the Bòrd's website with responses being invited either online or by post.

The Statutory Guidance is an important part of the 2016 Education (Scotland) Act which was passed earlier this year. Once the views of respondents have been analysed, Bòrd na Gàidhlig will complete the Guidance and provide advice to Scottish Ministers on an implementation process.

Bòrd na Gàidhlig Ceannard (CEO), Shona MacLennan said: "This is an important new duty on Bòrd na Gàidhlig which we have been planning for some time now. We hope that there is a comprehensive response to the draft which will also form a significant part of the education element of the 2017-2022 Gaelic Language Plan. We would encourage all those with an interest in Gaelic education and indeed, the Gaelic language to make every effort to respond to this important consultation."

Deputy First Minister and Cabinet Secretary for Education and Skill, John Swinney said: "Gaelic education is key to the Scottish Government's commitment to grow the number of those using the language and it is essential that clear guidance is available to all those involved in Gaelic Education to ensure that providers, learners, carers and educators are aware of what they can expect from the sector."

"Demand for Gaelic education is growing across Scotland and, in response, we have brought forward the three Gaelic provisions contained in the Education (Scotland) Act 2016 with this draft Statutory Guidance the first to be enacted."

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Bruce Robertson, Chair of the group which developed the draft Statutory Guidance said: "The Group which has been working on the Statutory Guidance has already taken into account the legislative dimensions of the 2016 Act and the views of those who have attended events across the country. The Group represents Local Authorities, COSLA, Education Scotland, Scottish Government and Bòrd na Gàidhlig. We are now in a position to seek formal responses to the document which, once in place, is going to be a critical milestone for Gaelic education. It makes clear what parents and carers can expect as well as setting out formally the responsibilities of Local Authorities. It also establishes clear expectations on a range of elements of Gaelic education from Early Years through to Secondary Education."

ENDS

For further information on the contents of this news release please contact Steven MacIver, Head of Communications, Marketing & IT at Bòrd na Gàidhlig by e-mailing steven@gaidhlig.scot or phoning 07595763071

NOTES TO EDITORS

- *Under the Education (Scotland) Act 2016 Bòrd na Gàidhlig is required to prepare Statutory Guidance for the Gaelic Education aspects within the Act.*
- *The Education (Scotland) Act 2016 gives an entitlement, across Scotland, for Gaelic-medium primary education which will ensure that Councils will treat seriously and consistently, the aspirations of parents for Gaelic education while working within a national framework.*